

8 Gearran 2022

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh an-dràsta a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne air feadh na h-Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh an dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Bun-sgoil Gheàrrloch, thuirt sinn gum biodh sinn a' conaltradh ris an sgoil gus cunntas a thoirt air adhartas. O chionn ghoirid, rinn sinn conaltradh ri luchd-obrach agus leis an ùghdarras ionadail agus rinn sinn coinneamh bhiortail còmhla riutha. Chuidich ar conaltradh sinn le bhith ag ionnsachadh barrachd mu mar a tha daoine òga agus an teaghlaichean air a bhith a' faighinn taic tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu mhodhan-obrach a bha ag obair gu math gus taic a chumail ri slàinte is sunnd, ionnsachadh is adhartas na cloinne. Bheachdaich sinn, còmhla ris a' cheannard agus ri oifigear an ùghdarras ionadail, air adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail againn.

Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

### **A' toirt taic do chlann, daoine òga agus teaghlaichean tro COVID-19**

Tha an ceannard agus luchd-obrach a' cumail orra a' freagairt na dùbhlain an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19, leithid neo-làthaireachdan agus ùineachan de dh'ionnsachadh aig astar. Mar thoradh air sin, tha buaidh air a bhith ann air luaths an atharrachaidh ann an corra raon leasachaidh. A dh'aindeoin seo, tha an sgoil air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' toirt air adhart leasachaidhean bhon sgrùdadh thùsail.

Tha luchd-obrach agus pàrantan ag ràdh gu bheil iad nas mothachail, an dèidh ionnsachadh aig astar, gu bheil iad ann an com-pàirteachas ri chèile. Mar thoradh air sin, tha teaghlaichean agus an sgoil ag obair nas dlùithe ri chèile. Tha luchd-teagaisg a' cleachdadh teicneòlas didseatach gu math gus piseach a thoirt air ionnsachadh agus com-pàirteachadh ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Tha pàrantan deimhinneach mun taic a fhuaras agus mar a bha luchd-obrach na sgoile cho freagairteach riutha.

Tha ceannardas na sgoile agus luchd-teagaisg a' cur gu feum raon de dh'fhiosrachadh gu h-èifeachdach gus beàrnan-ionnsachaidh a chomharrachadh ann an litearrachd, àireamhachd agus Gàidhlig air feadh na sgoile. Tha iad a' dèanamh plana airson, agus a' cur taic ri, feumalachdan gach sgoileir fa leth.

Anns an dà chuid clasaichean tron Ghàidhlig agus clasaichean tron Bheurla, dh'innis clann do luchd-obrach mar a bha iad air a bhith ag ionndrainn cluiche còmhla, seinn agus gabhail pàirt ann an geamannan is spòrs. Mar fhreagairt, tha an sgoil a' cumail orra a' cur thachartasan agus gnìomhachdan air dòigh far a bheil am fòcas air sunnd na cloinne agus gan ceangal ri chèile.

### **Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh mu dheireadh**

Rinn ceannardas na sgoile lèirmheas agus ath-sgrùdadh air lèirsinn, luachan agus amasan na sgoile tro chòmhairidhean agus co-chomhairleachadh le luchd-obrach, pàrantan agus

clann air fad. Tha iad seo a-nis a' toirt tuairisgeul nas fheàrr air Foghlam Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh. Tha seo mar phàirt bhunaiteach de dhearbh-aithne agus curraicealam na sgoile. Tha an ceannard ùr a' toirt ceannardas èifeachdach agus stiùireadh soilleir. Tha e air seasmhachd a thoirt don sgoil rè amannan de dh'atharrachadh susbainteach. Tha an ceannard ag aithneachadh gu bheil e mar phàirt den leasachadh phroifeiseanta aige a bhith a' cumail air a' meudachadh a thuigse air Foghlam Gàidhlig.

Tro bhith a' gabhail pàirt ann an luachadh cunbhalach, tha tuigse nas fheàrr aig luchd-obrach air soirbheasan na sgoile agus na raointean far a bheil barrachd leasachaidh a dhìth. Tha an ceannard a' stiùireadh phrìomhachasan agus luaths an atharrachaidh gu h-èifeachdach. Tha luchd-obrach uile ag obair gu math còmhla gus leasachaidhean fhighhe a-steach agus a thoirt air adhart air feadh Bun-sgoil Gheàrrloch.

Tha an ceannard agus luchd-obrach a' leasachadh a' churraicealaim a thathar a' tabhann aig Bun-sgoil Gheàrrloch. Air feadh na sgoile, tha clann a' togail an cuid sgilean tro cho-theacsaichean ionnsachaidh a tha brosnachail agus buntainneach. Tha seo leithid Co-labhairt nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh Gnàth-shìde COP26. Tha iad a' gabhail pàirt gu cunbhalach ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh agus ann an gnìomhachdan foghlaim air leasachadh seasmhach. Mar eisimpleir, a' cruthachadh taisbeanadh fiosrachaidh air atharrachadh gnàth-shìde anns a' choimhearsnachd ionadail. Tha COVID-19 air buaidh a thoirt air leasachaidhean a bha an sgoil an dùil a chur air bhonn ann an co-bhann ri Leasachadh Sgioba-obrach Òg. Ach tha luchd-obrach a-nis ag ath-stèidheachadh com-pàirteachadh cunbhalach le àrd-sgoil na sgìre agus le luchd-pàirt gnothachais. Tha seo a' toirt taic don chloinn gus togail air an cuid eòlais agus sgilean airson beatha agus saoghal na h-obrach.

San fharsaingeachd, tha an sgoil a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' toirt piseach air ionnsachadh, teagasg agus measadh ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Tha an ceannard agus luchd-obrach air sùil a thoirt gu cùramach air dè cho luath 's a tha clann ag ionnsachadh. Tha leasan a-nis a' toirt fa-near, gu ìre nas fheàrr, feumalachdan na cloinne agus an ìre de dh'eòlas a th' aca mar-thà. Tha luchd-teagaisg agus luchd-taic a-nis a' cur ghnìomhachdan air dòigh aig an ìre a tha ceart. Thathar a' cleachdadh logaichean ionnsachaidh. Tha fios air ais èifeachdach bho luchd-teagaisg gus taic a thoirt do chlann gus an cuid choileanaidhean a chomharrachadh agus na h-ath-cheumannan san ionnsachadh aca a thuigsinn. Tha luchd-obrach a' cleachdadh mheasaidhean ann an dòigh nas èifeachdaiche gus planaichean a dhèanamh agus taic a thoirt do chlann ann a bhith a' dèanamh barrachd adhartais ann an litearrachd agus àireamhachd.

Tha buaidh shònraichte air a bhith ann air Foghlam tron Ghàidhlig aig Bun-sgoil Gheàrrloch ri linn nan dùbhlannan an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19. Tha luchd-obrach a' comharrachadh bheàrnannan ann an ionnsachadh na cloinne. Tha plana ath-shlànachaidh soilleir, fiosrach ga chur an gnìomh. Tha comharran tràtha ann gu bheil a' dèanamh adhartas ann a bhith ag ath-stèidheachadh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro làn-bhogadh ann an Gàidhlig. Tha obair togail a' dol air adhart gus seòmar-cluiche ùr a sholarachadh, a bharrachd air àrainneachd ùr air a' bhlàr a-muigh. Tha an sgoil ag aithris gu bheil clann a' cumail orra a' dèanamh deagh adhartas ann an litearrachd is àireamhachd. Tha seo gach cuid ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam tron Bheurla. Tha grunn phàistean a tha ag obair sa chlas as àirde a' dol thar nan inbhean ris a bheil an dùil gu

nàiseanta. Tha an ceannard ag aithneachadh gu bheil Foghlam tron Ghàidhlig na phrìomhachas airson leasachadh leantainneach a bharrachd gus a' chlann a chuideachadh.

### Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, tha an sgoil air a bhith a' freagairt ris na dùbhlain an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19. Tha iad seo air buaidh mhòr a thoirt air cha mhòr obair na sgoile gu lèir. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha iad air dèiligeadh gu soirbheachail ri cha mhòr a h-uile moladh bhon sgrùdadh thùsail. Mar thoradh air seo, cha bhi sinn a' tadhal air an sgoil a-rithist ann an co-cheangal ris an sgrùdadh thùsail. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail orra a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile. Tha seo mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Lisa Marie McDonnell  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh